



A' Sgrùdadh Eachdraidh Nithean



Càit an lorg mi nithean eachdraidheil?

- Nochdaidh nithean bho na làithean a dh'fhalbh anns a h-uile seòrsa àite – fon talamh, ann am bùithtean, ann an lobhtaichean, seadaichean, garaidsean agus fon leabaidh agad. Bidh taighean-tasgaidh gan cruinneachadh gus an tig daoine gan coimhead.
- Smaoinich air – anns na bliadhnachan ri teachd 's e eachdraidh a bhios anns a h-uile nì a th' agad an-diugh!



Mar a gheibhear a-mach mu nithean eachdraidheil

- Ma lorg thu nì inntinneach, seall dha inbheach e gus dèanamh cinnteach nach eil e cunnartach! (Tha rudan bhon Dara Cogadh Mòr a' tionndadh an-àirde fhathast. Dèan cinnteach nach eil thu air fear a lorg!)
- Gus faighinn a-mach dè th' ann, feumaidh tu faighneachd dha eòlaiche.
- 'S dòcha gur e càirdean nas sine na thu fhèin na eòlaichean as fhaisge ort – seall dhaibh e gus am faic thu a bheil fios aca dè th' ann!
- Gheibh thu eòlaichean anns an taigh-tasgaidh ionadail cuideachd. Cuir fòn thuca agus iarr coinneachadh ri cuideigin – 's toigh leotha a bhith a' cuideachadh!
- Mura faigh thu gu taigh-tasgaidh, tog dealbh den nì agus cur air post-dealain* e gu taigh-tasgaidh ag iarraidh orra do chuideachadh ag aithneachadh dè th' ann.



* Na cleachd an t-eadar-lìon uair sam bith airson rannsachadh gun innse do dh'inbheach dè tha thu a' dol a dhèanamh!



Seo bogsa-bidhe. Bhithear a' gleidheadh feòil agus càise ann mus robh fuaradairean ann. Tha doras lìn air a tha a' leigeil èadhar a-steach ach a' cumail na cuileagan a-mach!



Seo pàipear-sùghaidh. Bhathar ga chleachdadh airson inc a thiomachadh gus nach sgaoileadh e nuair a bhiodh daoine a' sgrìobhadh le pinn-ite.



Càit a bheil an teine?
Càit a bheil an t-inneal-smàlaidh?



An e seo lampa sheunta?